

TRADITIONAL ARTS & CULTURE FUND

Foirm Tagraidh 2026 - Teacsa

Thoir an aire: tha an teacsa seo dìreach ann mar ro-shealladh air na ceistean tagraidh agus cha bu chòir a chleachdadh mar fhoirm tagraidh. Cleachd [am foirm air-loidhne againn](#) gus an tagradh agad a chuir a-steach

Maoin Ealain agus Cultair Traidiseanta

TRACS (*Traditional Arts and Culture Scotland* - Ealain agus Cultar Traidiseanta na h-Alba)

Ionad Sgeulachdan na h-Alba

43-45 Àrd-shràid

Dùn Èideann

EH1 1SR

Fàilte dhan Mhaoin Ealain is Cultair Traidiseanta

Tha Maoin Ealain agus Cultair Traidiseanta na maoin a tha air a tiomnadh bho Alba Chruthachail, air a stiùireadh le TRACS (*Traditional Arts and Culture Scotland* - Ealain agus Cultar Traidiseanta na h-Alba) agus tha i fosgailte do dhaoine fa leth agus do bhuidhnean.

Tha a' mhaoin air a dealbhadh gus taic a thoirt do luchd-ealain agus luchd-ciùird traidiseanta agus do bhuidhnean, airson a bhith a' cruthachadh, a' cluich, a' dol air cuairt agus gus obair a thaisbeanadh.

Tha sinn a' sireadh thagraidhean bho bhuidhnean agus daoine fa leth a tha ion-roghnach gus cur a-steach airson eadar £250.00 (an t-sùim as ìsle) agus £1200.00 (an t-sùim as àirde). Is e an ceann-latha gus an tagradh agad a chur a-steach **Diluain 16 Gearran 2026**.

TRACS (Traditional Arts and Culture Scotland)

Registered Office: Scottish Storytelling Centre, 43-45 High Street, Edinburgh, EH1 1SR

Scottish Charity No. SC043009 VAT Registration No. 269 2679 51



ALBA | CHRUTHACHAIL



Dèan cinnteach gun leugh thu [na Slatan-tomhais agus Stiùiridhean do Thagraichean](#) mus lìon thu am foirm tagraidh seo.

Ma tha feum agad air cuideachadh sam bith no ma tha riatanasan sònraichte agad, cuir fios thugainn air finance@tracscotland.org

1. Mu do dheidhinn

- Innis dhuinn cò thu agus ciamar as urrainn dhuinn fios a chur thugad.
- Fiosrachadh Conaltraidh (airson prìomh neach-conaltraidh an tagraidh)*

- Ainm
- Sloinneadh
- Àireamh-fòn
- Seòladh puist-d

- Ainm slàn an tagraiche

Ma tha iad eadar-dhealaichte ris a' phrìomh neach conaltraidh gu h-àrd

- Seòladh puist

- Seòladh 1
- Seòladh 2
- Baile
- Còd-puist

- A bheil feum agad air cruthan conaltraidh eile?

Innis dhuinn dè tha a dhìth ort gu h-ìosal.

- Dè seòrsa proifeiseantach a th' annad?

- Neach-ealain (nad aonar)
- Neach-ealain (còmhlan)
- Buidheann (a' gabhail a-steach luchd-adhartachaidh)
- Eile (mìnich dè)

2. Mun Phròiseact

- Dè na seòrsa(ichean) ealain thraidiseanta ris a bheilear aig an àm seo ann an Alba, dha bheil an tagradh agad a' toirt taic?

- Ceàird Thraidiseanta
- Ceòl Traidiseanta
- Dannsa Traidiseanta
- Seanachas Traidiseanta

- **A bheil an tagradh agad a' gabhail a-steach no a' toirt iomradh air gin de chànanan nàiseanta no ionadail na h-Alba?**

- Gàidhlig
- Scots
- BSL
- Cànanan Luchd-siubhail
- Eile (mìnich dè)

- **Dè an ceann-latha tòiseachaidh aig do phròiseact?**

Thoir an aire: Chan urrainn dhuinn maoineachadh sam bith a thoirt dhut ma tha am pròiseact agad air tòiseachadh mar-thà. Mholamaid gum bi co-dhiù 6 seachdainean eadar an ceann-latha mu dheireadh airson iarrtas a dhèanamh agus ceann-latha tòiseachaidh a' phròiseict agad.

- **Dè an ceann-latha crìochnachaidh ris a bheil thu an dùil?**
- **Sgrìobh geàrr-chunntas air a' phròiseact dha bheil thu a' sireadh maoineachadh**

Suas ri 20 facal a thèid a chleachdadh nuair a thèid tabhartas sam bith a bheirear dhut fhoillseachadh.

- **Thoir seachad eachdraidh-beatha ghoirid air do chleachdadh ealain roimhe/aig an àm seo agus/no thoir seachad geàrr-chunntas air obair na buidhne**

Suas ri 250 facal

- **Thoir seachad barrachd fiosrachaidh mun phròiseact dha bheil thu a' sireadh taic**

Suas ri 700 facal a' gabhail a-steach co-dhiù am fiosrachadh a tha air a mhìneachadh gu h-ìosal agus fiosrachadh sam bith eile a neartaicheas an tagradh agad nad bheachd.

- Carson a tha thu airson a bhith an sàs sa phròiseact/obair
- Cò a bhios an sàs anns a' phròiseact/obair agus/no a gheibh buannachd às
- Càite an tèid am pròiseact/obair a dhèanamh agus cuine?
- Dè na toraidhean a tha thu airson coileanadh tron phròiseact/obair
- Am bi dìleab sam bith aig a' phròiseact/obair seo?

- **Ma tha sibh air taisbeantas sam bith a chur air dòigh airson a' phròiseict mhaoinichte, thoir cunntas air an seo.**

Cuir a-steach cinn-latha, ionadan agus fiosrachadh sam bith eile a tha thu a' meas buntainneach.

- **Ciamar a thèid am pròiseact agad a ruith a rèir deagh chleachdadh a thaobh seasmhachd àrainneachdail?**

Suas ri 150 facal anns am bu chòir dhut innse dhuinn mar a bhrosnaicheas am pròiseact agad deagh chleachdadh àrainneachdail no mar a lùghdaicheas tu buaidh na h-obrach agad air an àrainneachd.

Cha tèid freagairtean na ceiste seo a sgòradh ach feumaidh tagraichean sealltainn mar a tha iad air beachdachadh air dòighean-obrach seasmhach.

Thoir sùil air [an duilleig Àrainneachdail aig Alba Chruthachail](#) (ri fhaighinn sa Bheurla a-mhàin) airson barrachd stiùiridh.

- **A' Riaghladh Riosg**

Thoir cunntas air suas ri trì riosgan a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air do chomas am pròiseact a thathar a' moladh a thoirt gu buil. Tha sinn ag iarraidh seo gus sealltainn gu bheil thu air beachdachadh air mar a ghabhas obair a dhèanamh gu sàbhailte agus a rèir deagh chleachdadh.

Cuir na leanas ann airson gach riosg:

- Dè an riosg a tha thu air comharrachadh?
- Ciamar a tha sibh a' measadh an riosg? (Àrd, Meadhanach no Ìosal)
- Ciamar a thèid smachd a chumail air an riosg?
- Às dèidh dhuibh an smachd seo a chur an sàs, a bheil do mheasadh air cunnart air atharrachadh?

Thoir sùil air [stiùireadh Alba Chruthachail air Riaghladh Riosg](#) (ri fhaighinn sa Bheurla a-mhàin) mus lìon sibh an earrann gu h-ìosal.

3. Do Phròiseact ann am Figearan

- **Thoir dhuinn na tuairmsean as fheàrr agad air cosgaisean fo na roinnean a leanas:**

- Àireamh san luchd-èisteachd/amhairc
- Àireamh de dhaoine a' gabhail pàirt
- Àireamh de shaor-thoilich
- Àireamh de chleasaichean/luchd-ciùil
- Àireamh de thaisbeantasan
- Àireamh de bhùithtean-obrach
- Àireamh de choimiseanan ùra

4. Fiosrachadh ionmhasail

- **Cuir a-steach buidseat cothromaichte.**

Is urrainn dhut teamplaid buidseit a luchdachadh a-nuas an seo. Feumaidh an teachd a-steach a bhith co-ionnan ris a' chaiteachas agus bu chòir fiosrachadh a bhith ann mu cho-mhaoineachadh sam bith, a' gabhail a-steach maoineachadh TACF, a bharrachd air fianais gu bheil thu fhèin a' togail 10% den teachd-a-steach. Thoir sùil air an stiùireadh airson eisimpleirean de bhuidseatan.

- **Dearbhaich an t-sùm a tha sibh a' sireadh tron tagradh seo**

Ma tha thu airson fiosrachadh taic a bharrachd a chur a-steach, dèan an seo e.

Ma tha am faidhle (na faidhlichean) a tha thu airson cur a-steach nas motha na 10MB, cuir ceangal ann ri Dropbox, WeTransfer, Google Drive gu finance@tracscotland.org.

5. Dearbhadh

Le bhith a' soidhnigeadh an tagraidh seo, tha thu ag aontachadh ris na leanas:

1. Às dèidh dhut an stiùireadh a leughadh, tha thu riaraichte gu bheil an t-iarrtas agad a rèir amasan Maoin Ealain is Cultair Traidiseanta agus gu bheil thu ion-roghnach air maoineachadh.
2. Ma dh'fheumar, dh'fhaodte gun cuir ball de TRACS, no comhairlichean às an leth, fios thugad airson barrachd fiosrachaidh gus do chuideachadh leis a' phròiseas co-dhùnaidh.
3. Ma shoirbhicheas leis an tagradh agad airson tabhartas, nì thu aithisg ghoirid air a' phròiseact a fhuair maoineachadh, air an fhoirm seo. Dh'fhaodte gun nochd fiosrachadh agus cuòtaichean bhon fhios-air-ais seo ann am foillseachaidhean TRACS agus Alba Chruthachail no faodar an cleachdadh ann an sgrùdadh cùise air-loidhne.
4. Ma shoirbhicheas leis an iarrtas agad airson tabhartas, aithnichidh tu an taic bho Mhaoin Ealain is Cultair Traidiseanta anns a h-uile rud ann an clò, ann an stuthan air fhoillseachadh, aithisg bhliadhnail, fiosan naidheachd agus stuthan eile co-cheangailte mar a bhios iomchaidh. Cuir fios gu marketing@tracscotland.org gus logothan fhaighinn agus stiùireadh airson an cleachdadh.
5. Tha am fiosrachadh a tha air a thoirt seachad san tagradh ceart cho fad 's as aithne dhut agus cuiridh tu fios gu TRACS (agus thèid aonta a ruigsinn) mu atharrachadh sam bith air a' mholadh agad airson pròiseict.
6. Tha thu a' toirt cead gum faod TRACS am fiosrachadh a chaidh a thoirt seachad a chumail agus a chleachdadh gus leigeil leotha dleastanas

laghail no cùmhnantail sam bith a choileanadh, a rèir Brath
Prìobhaideachd Dàta na buidhne.

7. Tha uallach air an tagraiche airson dleastanasan àrachais sam bith a dh'fhaodadh èirigh bho na gnìomhan a gheibh maoineachadh. Thathar a' moladh gum dèan thu cinnteach gu bi àrachas iomchaidh an sàs agus tha thu ag aontachadh nach fhàg thu uallach air TRACS agus Alba Chruthachail fo thagradh sam bith a thig bho na gnìomhan agad.
8. Thèid pàigheadh sam bith a thoirt air ais anns na suidheachaidhean seo (a) nach tèid am pròiseact air adhart taobh a-staigh 6 mìosan bhon cheann-latha tòiseachaidh tùsail a chaidh a mholadh, (b) mur a tèid am maoineachadh a chleachdadh mar a chaidh a mhìneachadh no (c) nach tèid aithisg a chur a-steach taobh a-staigh na h-ùine òrdaichte mar a chaidh a chomhairleachadh leis an duais agad.
 - Tha mi a' gabhail ris
 - Chan eil mi a' gabhail ris

Mòran taing airson do thagraidh.

Tha sinn ag amas air daingneachadh gun d' fhuair sinn gach tagradh airson Maoin Ealain is Cultair Traidiseanta taobh a-staigh 48 uairean bho gheibhear iad.

Mura cluinn thu bhuainn taobh a-staigh na h-ùine sin, cuir fòn thugainn air 0131 5588137 gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn air an tagradh agad fhaighinn.